



Tha tractor ann an uinneig Bùth MhicChoinnich,
Tractar dearg le rothan mòra dubh,
Abair thusa gu mi bhiodh moiteil,
Nam faighinn fhìn an tractor ud an-diugh.

‘S e bhiodh math a tarraing dhachaigh mòine,
Dhuinn fhìn is dha na nàbaidhean air fad,
‘s mo ghealladh dhut gum biodh e ceart cho feumail,
A’ treabhadh is a cliathadh a’ bhuntat’.

Chuidichinn-sa m’ athair leis an arbhar,
Cha ghearainean gu brath gu robh mi sgìth,
Bhithinn trang gach là o mhoch gu anmoch,
Nam faighinn-sa an tractar ud dhomh fhìn.